



Scotland's Storybook

A magical collection of Scottish tales, legends, folk and fairy stories for all of Scotland's children, young people and *big folk*.

Wondrous tales and translations by Scottish storytellers Tom Muir and Martin MacIntyre with new illustrations by artist Kate Leiper.

With special thanks to Dr Donald Smith and all at the Scottish Storytelling Centre in Edinburgh.

www.scottishstorytellingcentre.co.uk

Tom Muir

<http://www.scottishstorytellingcentre.co.uk/directory/Tellerview.asp?key=153>

Martin MacIntyre

<http://www.scottishstorytellingcentre.co.uk/directory/Tellerview.asp?key=54>

Kate Leiper - <http://www.kateleiper.co.uk>

www.LTScotland.org.uk/scotlandsstories

© 2010. All stories, translations and original artworks are copyright their respective authors and artists. They may be freely used within schools and early years centres in Scotland.

Rights of reproduction for commercial purposes are strictly not permitted without prior written permission from copyright holders.

Clàr-innse

AN LAOGH BEAG DONN	4
BIARA, BRÌDE IS AONGHAS	12
BRADAN AN EÒLAIS	18
MACCODRAM NAN RÒN	20
AN DÀ BHODACH AGUS NA SÌDHICHEAN	24
EILEAN RÒNAIGH AGUS SÙLAISGEIR	27
SGEULACHD RÒNAN AGUS BRIANUILT	30
EILEAN SHÙLAISGEIR	32
AN T-AMADAN 'S AN T-UACHDARAN	34
AITHRIS BHEÒIL BHO EILEAN HIORT	36



An Laogh Beag Donn

Bha uair ann reimhid, ma-tà, is tha greis bhuaithe, duine uasal a bha a' fuireach mu dheas, goirid do Dhùn Èideann. Bha e pòsta aig bean chòir is triùir chloinne – triùir nighean, aca. Nist bhiodh an duine seo tric a' siubhal an t-saoghail air tursan gu math fada uaireannan, ach bha a' leithid a ghaoil aige air na h-igheanan agus am màthair gum biodh e daonnan a' toirt thuca phreusantan luachmhor mar shamhla air an spèis a bh' aige dhaibh. Gu dearbha bha e dhen bheachd nuair a bhiodh a' bhean ghràdhach na h-èideadh nach robh tè air an domhan mhòr cho eireachdail rithe.

Uair dhe na h-uaireannan a bha e air falbh, nach do thill e le tabhartasan brèagha brèagha dhan chloinn ach 's ann gu a bhean a thug e an nì às an robh moit is iongnadh! Ciste – (bogsa mòr finealta) is i air a dèanamh cho math aig na saoir a dh' obraich oirre is gur gann a chìtheadh tu far an do thòisich no chrìochnaich iad leatha.

“Ach cho snog 's a tha i,' orsa ise, a bhean, 'Glèidhidh mi m'aodach as fheàrr innte!’

'Cha ruig thu leas' orsa esan 'Coimhead na broinn!’

Dh'fhosgail bean an duin' uasail mullach na cisteadh is thuig i sa mhionad, cò air a bha an duine aice a-mach. Chuir i a làmh a-staigh is rug i air bad-aodaich is shlaod i as a' chistidh e - gùn (dreasa) bòidheach air a dhèanamh air iteagan nan eun.

'Chan fhaca mi riamh rud cho...!' Thòisich ise

'Tha tuilleadh innte' orsa esan, 'Thoir tuilleadh aiste!'

Is rinn i sin, is dhragh i às a' chistidh gach rìomhadh nas brèagha na chèile. 'Se a thug i aiste ach dà dhreasa eile- tè air a dèanamh air canach an t -slèibhe agus tè eile air dhreach nan rionnagan. Is fhuair i cuideachd bròg òir agus bròg airgid agus cìr de shèorsa finealta nach fhaca i riamh na beatha – is i air a sgeadachadh làn sheudan deàlrach.

'Cìr do cheann' orsa esan 'Is rinn i sin, agus sa mhionaid uarach, bha aon taobh dhe a gruaig mar òr is an taobh eile air dhath an airgid.

Chunnaic na h-igheanan a h-uile sgath dhen obair a bha seo agus dh' aontaich iad rin athair nach fhaicte boireannach a bheireadh bàrr-urraim air am màthair fhein air feadh na dùthcha air fad. Agus bha an teaghlach cho sona rèidh còmhla agus a bha an latha cho fada.

Ach a'sin thàinig tinneas air an tè a' bh' ann agus s' ann a dh'fhàs i – bean an duine uasail, gu math bochd is mu dheireadh cha ghabhadh an creutair an còrr agus bhàsaich i. Thuit bròn is mulad mòr air an teaghlach – an duine is a thriùir nighean - ach ciamar a bha iad a'dol a bhith beò as aonais bean is màthair cho laghach eireachdail? An dèidh ùine mhòir ga caoidh, chuir an duine roimhe gum feumadh e bean airson na cloinne ach thug e bòid is mionnan nach pòsadh e gu bràth ach an tè air am freagrachd a' bhròg òir.

Chuir e fios a-mach air feadh na tìre, gach boireannach, a bu mhiann leatha a phòsadh, a thighinn chun an taighe is a' bhròg òir fheuchainn air a cois dheis. S ioma tè a thàinig, is bha feadhainn aca gu math brèagha ged a bha deagh chuid nach robh. Ach ged a thainig iad, cha rachadh a' bhròg òir air cois tè sam bith aca. Chuir e brath a-mach a-rithist is thàinig feadhainn eile ach fhathast cha tigeadh a' bhròg ri cumadh an casan. Air deireadh thall, cha robh air fhàgail, thall no a-bhos, ach na trì caileagan aige fhèin nach do dh'feuch orra a' bhròg.

Chuir an tè bu shine air a cois dheis i, ach bha bàrr nan òrdagan aice ro fhada dhi. Agus nuair a dh'fheuch an dàrna nighean - an tè sa mheadhan oirre i, 's ann a bha cùl na coise aice-se ro lethainn dhi. Ach nuair a chàraich an nighean a b' òige san teaghlach a cas innte, 's ann a shaoileadh tu gun deach a' bhròg a dhèanamh dhi.

Ach o bhòbh, bhòbh! 'S ann oirre se a thuit a gudan is a gadan! Bha an tè bhochd ann an staid ubhasach, bha i cho troimhe-a-cheile is cho mì-thoilchte is gun do leig i sgread aiste is thug i an leaba oirre is dh'fhan i innte fad na h-

oidhche is pàirt dhen ath latha agus i a' ranaich is a' gul gun stad. Ach a-sin chuala i fuaim – car de gheum beag ìseal a-muigh. Chaidh i chun na h-uinneig is gu dè chunnaic i ach laogh beag donn.

'Dè tha a' cur ort a nighean?' dh' fhaighneachd e. 'Tha gu feum mi m' athair a phòsadh, a chionn is gun deach bròg òir mo mhàthar air mo chois.'

'Tud, tud' orsa an laogh 'S tu nach fheum sin!' orsa esan. 'Cha e rud a tha sin a bha còir caileag òg iomchaidh a dhèanamh. Thugainn còmhla riumsa is bidh thu saor on ghealladh sin.'

'Bheil sibh cinnteach' orsa ise ' Leabhra tha' orsa an laogh

'An toir mi sìon leam' orsa ise ' Cha toir' orsa an laogh ' ach thu fhein is ciste do mhàthar' Is dh'inns an laogh dhi far an deach a' chiste a chur am falach, is cha robh an nighean fada ga faighinn is siud i a-mach air an uinneig leatha.

'Leum air mo dhruim!' dh' iarr an laogh is rinn an nighean sin is shuidhich i a' chiste far nach tuiteadh i gu làr.

Agus fad trì latha is trì oidhche shiubhail iad còmhla - an nighean is an laogh beag donn, tro mhonadh, bheinn is baile – cuid aca gu math annasach is cuid aca car beag àbhaisteach, gus mu dheireadh an do ràinig iad cnocan beag air iomall baile nach robh ro mhòr, ach cha mhotha bha e beag.

'Leum a-nuas far mo dhroma!' orsa an laogh is rinn an nighean sin. 'Tha sinne a'dol a thiodhlacadh na cisteadh ann a' sheo, is bheil thu a' faicinn an taighe mhòir sin – se lùchairt a th' ann aig Rìgh, is thèid thusa ann an dràsta, agus obair sam bith a thairgeas iad dhut, gabhaidh tu gun cheist i.'

Dh' fhalbh an nighean a dh' ionnsaigh an dorais in nuair a dh'fhosgailleadh an doras, dh'fhaighneachd i dhen fhear a bh'ann, an robh duine a dhìth orra a dhèanadh obair san lùchairt agus gun robh i deònach a làmh a thoirt air rud sam bith.

'Uel' orsa esan 'Neònach gun tàinig tu ann a' sheo air an latha seo ' s ann dìreach sa mhadainn an diugh a dh'fhalbh aon tè dhe na bha ag obair againn - nighean a bha shìos sa chidsin-dubh. A bheil thu math air soithichean a ghlanadh is a leithid sin?'

'Dh'fhaodainn feuchainn orra' orsa ise a' cuimhneachadh air faclan an laoigh bhig dhuinn, ged as e rud a bh' ann nach do rinn i riamh na beatha leis gur e nighean duine uasail a bh' innte.

Chuireadh sìos dhan chidsin-dubh sa bhad i. Agus theab i a dhol à cocall a cridhe nuair a chunnaic i na bha roimpe de phoitean is de phraisean is de nithean salach eile rin glanadh, ach cha robh an còrr air ach oidhirp a dheanamh. Dh'obraich i ann a' shin, sa chidsin-dubh, fad finn fuain an fheasgair is na h-oidhche agus fad ioma latha an dèidh sin is cha b' fhada gus an robh i cho dubh ris an t-sùith is a h-aodach snog na luideagan maslach.

Nist, se cleachdadh a bh' ann gum biodh bàl no dannsa mhòr aig mac an Rìgh – am prionnsa, aig àm àraid a h-uile bliadhna is cha robh an tè seo dol a bhith air a' chaochladh ann an dòigh sam bith. Agus bha a h-uile nighean san rìoghachd an dòchas gun toireadh mac an rìgh an aire dhise is gun iarradh e gu pòsadh iad.

Chaidh gach fiathachadh a-mach gu na daoine a b' uaisle is gu na boireannaich bu bhrèagha a thighinn chun na lùchairt is thàinig iad sin air oidhche na cuirme nan dròbhan ann an carabadan leomach le dà each riochdail aig ceann a h-uile tè dhiubh. Ach bha an nighean a b' òige aig an duine uasal ag obair mar a b' àbhaist an luib nam poit shìos gu h-ìseal sa chidsin-dubh, aig fìor bhonn na lùchairt - sgìths nach bu ghann oirre, nuair a chuala i fuaim – nuallan beag ìseal is chaidh i na ruith chun na h-uinneig, is cò chunnaic i a-muigh ann a' shin ach an laogh beag donn.

'Cha deach thu idir chun a' bhàil' ors an laogh 'Carson?'

'Dearbha fhèine cha deachaidh' orsa ise 'Ciamar a rachainn gu dannsa a' phrionnsa is mi cho robach seo a' coimhead?'

'Cuir boiseag uisge ort fhein' orsa esan 'Is leum air mo dhruim is bheir mise chun a' bhàil thu is chan ann robach idir a bhios tu an uairsin!'

Rinn an nighean sin, is mun canadh tu Dia leat, bha i fhèin is an laogh donn air an cnocan beag uaine a ruighinn agus chladhaich am beothach le a chasan-deiridh gus gun robh a' chiste, a chaidh a thiodhlacadh, am bàrr.

'Fosgail a' chiste a ghràdhag' orsa an laogh, 'is cuir umad ann an aodach do mhàthar!' Rinn an nighean mar a dh' iarradh oirre, is chuir i oirre gùn de dh' iteagan nan eun, is a' bhròg òir is a' bhròg airgid is chìr i a ceann gus an robh aon taobh dheth mar òr is an taobh eile mar airgead.

'Nach tu an leaidh bhòidheach' orsa esan. 'Ach greas ort mun caill thu an còrr dhannsaichean.' Thug an laogh beag donn an nighean air ais dhan lùchairt agus dh' aontaich iad gun tilleadh i a-mach mun a' mheadhan-oidhche, mun sgaoileadh am bàl is rachadh a cur air ais dhan chidsin-dubh mun muthaicheadh duine beò gun robh i riamh air a bhith air falbh.

Agus abair sealladh iongantach a bh'ann nuair a choisich an nighean a-staigh dhan t-seòmar-bhàil, cha robh ceann no sùil a bh' anns an àite nach do do chuir làn char an taobh a bha i – feuch cò bh'anns an nighinn àlainn seo nach fhacas riamh reimhid aig dannsa no aig cuirm sam bith eile. Agus ma bha iongnadh air cach mu deidhinn, 's e mac an rìgh – am prionnsa maiseach, bu mhotha a chaidh a bhualadh le faireachdainn laidir. A' chiad chothrom a fhuair e, chaidh e far an robh i, is dh' iarr e oirre a dhol a dhannsa còmhla ris, is tha teans gun do dh' iarr e oirre an aon rud a dheanamh grunn uairean an oidhche sin. Ach suas mu mheadhan-oidhche ghabh ise fàth air a' chuideachd is dh' fhag i a'chuirm, is dìreach mar a gheall e, bha an laogh beag donn ga feitheamh

aig an doras, is thug e air ais air a dhruim dhan chnocan i, is chuir i dhith a h-odach finealta, is chuireadh a' chiste air ais fon talamh is bha ise air ais sa chidsin-dubh man do sgap an sluagh a bh' air a' bhàl.

Uel, bha am prionnsa air a bheò-ghlacadh leis an nighinn eireachdail seo is shaoil e nach fhaca e riamh tè a thigeadh suas rithe san rìoghachd aige fhein no gu dearbha, anns an liuthad aite san do thadhail e thall fairis. Agus làrna-mhàireach, bha e fhathast cho mòr air a dhorannachadh gun do chaill e sealladh oirre, agus fhios aige taghta nach biodh fois oidhche no tàmh latha aige gum faigheadh e mach cò bh'innte, is gun do ghairm e dannsa eile an oidhche sin fhein – chan fhuilingeadh e bliadhna a' feitheamh: s e nach fhuilingeadh.

Chaidh a h-uile boireannach a bh' air dannsa na h-oidhche raoir fhiathachadh air ais a-nochd is bha amharas aig mòran gun do ghabh am prionnsa gaol air nighinn air choreigin agus bha tè no dhà fhathast an dòchas gur ann oirre fhèin a laigh e a shùil.

Mar a thachair an oidhche ron a' sin, thachair an oidhche sin. Bha a h-uile duine a bh'ann ri fleadh is dannsa is dibhearsain shuas san t-seomar-bhàil fhad's a bha an nighean bhochd sa chidsin-dubh le tòrr mòr phraisean aice ga sàrachadh. Agus cò nochd aig an uinneig ach an laogh beag donn is an aon strathail beag ìseal aige son innse dhi gun robh e ann.

'De do chor?' orsa ise 'Tha deagh chor a ghràdhag. Cha bheag an obair a dh' fhàg iad agad a-nochd – siuthad ma-tha, thugainn a dhannsa!'

Le sin, sgioblaich i i fhein beagan is shreap i a-mach air an uinneig is thug iad a-mach an cnocan is fhuaradh a' chiste is chuir i oirre rìomhaichean a màthar mar a rinn i an oidhche ron a' sin ach an turas seo se dreasa de chanach an t-slèibhe a thagh i. Agus s i bha àlainn agus dh' inns an laogh sin dhi ann am faclan a thog a cridhe is a thug misneachd dhi coiseachd a-staigh dhan bhàl leatha fhein. Ach gheall i a-rithist an laogh beag fhaicinn greis mum biodh an dannsa deiseil

Theab mac an rìgh leum a thoirt às, nuair a chunnaic e a' tighinn a-staigh i, agus ghabh e dìreach a-null far an robh i, phòg e a làmh is thug e a-mach dhan ùrlar i is cha mhòr gun do leig e fois dhi fad na h-oidhche ach nuair a bha feum aice air a h-anail a ghabhail car tacain.

Ach air dhòigh no air dhòigh air choreigin chaidh aice air sìneadh a-mach nuair nach robh esan na fhaireachadh agus bha an laogh beag a-sin na coinneimh is thug e air ais air a dhruim dhan chnocan is dhan chidsin-dubh i mun do chrìochnaich a' chuir.

A-niste bha am prionnsa fo throm uallach, 's ann a bha an truaghan air dearg bhioran is air bhiogaran faotainn a-mach cò idir am boireannach a bha seo is co-dhiù gheibheadh e dha fhein i, na mnaoi (bean).

Dh'fheumadh bàl eile a bhith air a chumail air an treas oidhche ach an turas sa, dh' iarr e air dithis dhorsairean sùil gheur a chumail oirre, gu dearbha nan leigeadh iad às an sealladh i, bhiodh rud thuca nach biodh math leotha no math dhaibh!

An turas sin chuir i uimpe an gùn air dhreach nan reul agus ma bha i bòidheach air an dà oidhche roimhe sin, 's ann a bha i gun a samhail air t-saoghal air an treas oidhche. S i bha sònraichte, is thug a h-uile duine an aire gur i bha air cridhe a' phrionnsa a chuir air bhoil. Agus bha deannan aca a bha a' guidhe gach beannachd dha air a shàillimh sin!

Agus dhannns is dhannns is dhannsa iad còmhla agus bha sùil nan dorsairean oirre fad an t-siubhail, bha eagal dearg am beatha orra gum faigheadh i seachad orra, air sgath mearachd bheag no cion aire. Agus mar a rinn i an dà thuras roimhe, dh' fheuch an nighean, is i còmhdaichte gu h-àlainn, o a bun gu a bàrr air dhreach nan rionnag, ri tarraing, is nuair a ràinig i an doras, bha an dithis a bha air faire roimpe, agus rug iad oirre ceart gu leor. Ach bha ise air dèis a bhith deanamh a leithid a dhannsa is tionndadh gun robh i bog fliuch le fallas is cha deargadh iad air grèim dhòigheil a chumail oirre is shleamhnaich i trompa mar a dhèanadh iasg sa mhuir, agus bha i an impis teicheadh nuair a gheàrr fear aca cruinn-leum as a dèidh, is rug e air adhbrann oirre, is bha e an dùil son tiota gun robh an nighean aige, ach s e a bha e air a mhealladh, oir thuit a' bhròg òir far a coiseadh, is cha do rinn ise ach leum air druim an laoigh is a-mach gun tug iad mar a b' àbhaist.

Mar a thuigeas sibh, cha robh mac a' rìgh idir air a dhòigh, gun do dh' fhaillich e air an dithis dhorsairean an nighean a chumail, ach nuair a sheall iad dha a bròg-òir, leig e leotha falbh gun an còrr mu dheidhinn, agus làn fhios aige nach b'urraing dha fhein stad a chur oirre a' bharrachd.

Chuir am prionnsa a-mach teachdaireachd air feadh na rìoghachd a h-uile boireannach a bh' air an dannsa, is cuid nach robh, iad a thighinn dhan luchairt is a' bhròg-òir fheuchainn air an cois dheis. Tàinig mòran ach cha do thoill a' bhròg air casan a h-aoin seach aoin dhiubh.

Agus bha aon tè ann – tè car oillteil grànda, air an robh Cailleach nan Cearc is bha nighean aice a bha a cheart cho dona ri a màthair. Is gu dè rinn i, Cailleach nan Cearc, ach òrdagan na h-ìghne a ghearradh le sàmh agus rusp a ghabhail gu cul a còise gus an do sgioll i dà oirleach a chraiceann dhith is chuir i suas a thaigh an Rìgh i. Nuair a chuir am prionnsa a' bhròg air a cois, b' fheudar dha aideachadh gun deach i oirre na b' fhearr na thoill i casan chàich. Is dh' aontaich e, gu muladach, gum b' fheàrr dha a gabhail!!

Agus s i bha moiteil nighean Cailleach nan Cearc is i falbh dhachaigh comhla ris a' Phrionnsa air each mòrail geal, ach am faodadh e làmh na h-ìghne iarraidh air a màthair. Ach dìreach nuair nach robh iad ach mu shlatan on taigh

shuarach aca, nochd eun beag as an adhar is thàinig e a-nuas is shuidh e eadar da chluais an eich is theann e ri seinn is ri ceilearadh is mar a bu mhotha a rinn am prionnsa de dh' èisteachd 'sann bu mhotha a thuig e de bhrìgh an orain. S e seo a bha an t-eun a' seinn:

“Cas a’ chriomaidh
Cas a’ bhìdidh
Air do chùlaibh air an each
An tè dhan tig a’ bhròg òir
Gu dubhach brònach
Sa chidsin-dubh.

Cas a’ chriomaidh
Cas a’ bhìdidh
Air do chùlaibh air an each
An tè dhan tig a’ bhròg òir
Gu dubhach brònach
Sa chidsin-dubh.”

Thionndaidh am prionnsa is rug air cois na h-ìghne is spìon e dhith a’ bhrog òir is nam faiceadh tu a’ chas mhille, agus na dhòirt às a’ bhròg de dh’fhuil is de dhroch stuth bhiodh tusa air do sgràthachadh a cheart cho mor ri mac an rìgh. Nuair a ràinig iad taigh Cailleach nan Cearc, chaith am prionnsa an nighean far an eich gu a màthair is thug e dhaibh gu beul na h-oidhche a h-uile sgath a bhuineadh dhaibh a thuisleachadh còmhla is an cùl a chur ris an rioghachd aigesan gu bràth tuilleadh.

Cha robh an còrr air a shon ach dèanamh air a thaigh fhein - luchairt athar, agus nuair a ràinig e an doras, dh’iarr e gun rachadh a thoirt sìos dhan chidsin-dubh: aite nach fhaca a dhà shùil riamh. Nuair a ràinig shios, bha i siud – an nighean a b’ òige aig an duine uasal dol fodha ann am poitean is am praisean is obair shalach mar a b’ àbhaist.

‘Am feuch thu seo ort a nighean’ orsa esan, ‘a’ sineadh na bròig-oir dhi.’

‘Cha dean math dhomh’ ors ise ‘seall cho salach is a tha mo chas!’

‘Na gabh dragh, tha tè gu math nas miosa na sin an dèidh a bhith innte’ orsa esan’

Agus nuair a chuir an nighean a’ bhròg-oir air a cois bhig shalaidh rùisgte chaidh i oirre gu snog dìreach; mar nach robh i riamh air a bhith dhith.

‘Am pòs sinn?’ dh’ fhaighneachd esan, mac an rìgh.

‘Carson nach posadh? Leabhra pòsaidh!’ ors ise

Agus chuireadh air doigh gur ann air an ath-latha a bhiodh a' bhanais aca. Agus an oidhche sin, son a' chiad uair ann am mìosan mora, chan ann air ùrlar cruaidh cloiche a chaidil an nighean, ach ann an leabaidh mhòir chofhurtail air an robh trì babhstairean agus plaideachdan de shìoda air an cur air a h-uachdar.

Agus 's ann a bha i aig bunan suain nuair a chual i fuaim nach robh dùil aice cluinntinn idir – nuallan beag ìseal a caraid. Leum i às a leabaidh is ruith chun na h-uinneig.

'S tusa a th'ann' orsa ise, 'Mo charaid beag, mo laogh beag. Tha mise dol a phòsadh mac a rìgh a-màireach.'

'Tha fhios am air a'sin' orsa an laogh 'sin as coireach gun tàinig mi a chèilidh ort. Tha mi ag iarraidh mo bheannachd fhàgail agad, a chionn cha bhi an còrr feum agad ormsa tuilleadh. Ach an do smaoinich thu riamh co a bh'annam?'

'Co a bh' annad? Ors ise 'S tusa an laogh beag donn as laghaiche agus as còire a bha riamh beò.'

'Mòran taing' orsa esan 'S dò' gur mi, ach is mise cuideigin eile cuideachd. 'S mise do mhàthair. Agus thàinig mi air ais ann an rioch laoigh, nuair a thuig mi gun robh agad ri d' athair a phòsadh a chionn cha bhiodh sin air a bhith idir ceart agus cuideachd' orsa esan 'nuair a theab thu call air mac an rìgh air saillibh olc na tè ud – Cailleach nan Cearc agus a nighean gun tùr, thagh mi a dhol nam eun beag le òran feumail ri ghabhail. Ach bho seo a-mach nì thu do rathad fhein san t-saoghal mhor is faodaidh mise tilleadh gun àite as an tàinig mi is a bhith nam thàmh. Oir tha thusa, mo nighean ghaolach, a-màireach a dol a phòsadh mac a rìgh is bidh thu nada bhana-phrionnsa eireachdail shona fhad's as beò sibh agus bidh mise na mo mhathair air leth moiteil.

Agus mar a thuir b' fhìor. An làrna-mhàireach phòs am prionnsa is an nighean is rinneadh banais sgoinneil dhaibh nach fhacas riamh roimhe no as a dheaghaidh. Agus abair biadh blasta a thug iad dhan fheadhainn a bh' oirre, ach feumaidh mi ràdh nach do chùm iad sgath dheth dhomhsa.

Màrtainn Mac an t-Saoir, An Giblean, 2009

Sgeul a bhios mi ag innse stèidhte air an tè a chuir Anna Niclain nach maireann, à Barraigh, gu Gairm.



Biara, Brìde is Aonghas

'S i Biara, no Biara Dhorcha mar a chante rithe, màthair nan diathan is nam ban-diathan ann an Alba. Agus abair boireannach mor sgràthail a bh' innte le fiaclan cho ruadh ri meirg, is gun innte ach an aon t-sùil. Bhiodh i daonnan a' cur oirre aodach gruamach dorcha - glas no dubh, agus bha i cianail fhèin sean. 'S ann a bha bha eagal dearg am beatha aig a h-uile duine roimpe. Nuair a ghabhadh Biara an fhearg chan ann dhut a b' fheàrr!

Nist anns a' gheamhradh 'se ise Ban-Rìghinn ceithir ranna ruadha an domhain is cha robh a chridhe aig duine beò guth a ràdh rithe. Ach mar a bhiodh na lathaichean a' sineadh agus àm an earraich a' teannadh dlùth, 's ann a bhiodh an fheadhainn a bha fo a cruaidh-riaghladh a' tòiseachadh ri dhol, beag air bheag, na h-aghaidh. Is chuireadh seo an caothach oirrese is dhèanadh i, mar a b' fheàrr a b'urrainn dhi, gus a cumhachd a ghleidheadh, ach fhios aice taghta, gun robh e an impis sìoladh às, mar a thigeadh crìoch air a' gheamhradh – an seusan a bha le Biara.

Agus a-reir aithris, bha an tè iongantach ud, beò fad linntean mòra agus 's e chum maireann cho fada i, thathar ag ràdh, ach an t-uisge a ghabhadh i à Fuaran na h-Oige air Eilean Uaine an Iar. 'Se eilean glè àraid a bha seo agus an samhradh ann fad an t-siubhail agus bhiodh na craobhan an còmhnaidh fo bhlàth agus trom le measan ùra.

Nist 's ioma neach a thuirte gum faca iad an t-eilean seo: cuid a' cumail a-mach gur ann mu na h-Eileanan an Iar a bha e, cuid eile ag ràdh gur ann mu chosta an Iar na h-Eireann a bha e suidhichte. Ach a h-uile uair a bhiodh daoine a' feuchainn ri a dhol air tìr ann, rachadh Eilean Uaine an Iar à sealladh orra mar chèo air madainn shamhraidh.

Ach 's ann dhan dearbh eilean sin a bhiodh Biara a' dol air an fhìor latha mu dheireadh dhen gheamhradh – an latha mu dheireadh aicese na riaghaladair air Albainn. Cho luath 's a nochdadh a' chiad bhaltag air an latha, làrna-mhaireach, chromadh i is ghabhadh i deagh bhoiseag uisge às an fhuaran. Seo an rud a bha e air a chur a-mach dhi: gun fheumadh i an t-uisge seo òl mun iarradh eun deoch às no mun dèanadh cù comhairt. Agus nan leigeadh an cù sgalar no nan òladh an t-eun roimpese, rachadh Biara Dhorcha na dust tioram crìòn sa mhionaid uarach.

An deidh dhi deoch a ghabhail, thilleadh Biara a dh'Alba is thuiteadh cadal trom oirre. Is nuair a dhùisgeadh i, is i na nighinn òig, fo shoillse na grèine, cha robh a h-aon cho òg, brèagha, cuimir rithe, air feadh na dùtcha air fad, ach aon tè: bana-phrionnsa àlainn air an robh Brìde. Ach mar a bhiodh na lathaichean is na mìosan a' dol seachad, bhiodh Biara a' sìor fhàs sean is a' sìor fhàs grànda agus nuair a thigeadh àm a' gheamhraidh bhiodh i air ais na caillich fhiadhaich oillteil agus na Banrigh gun truas aice ri duine.

Agus fad finn fuain a' gheamhraidh chum Biara a' bhana-phrionnsa òg alainn – Brìde, na prìosanach aice na caisteal-beinne. Cha tug i dhi ach luideagan mar aodach is b' fheudar dhi obair nan sgalagan a dhèanamh sa chidsin mhòr. Cha robh sìon air an t-saoghal, a dhèanadh Brìde nach gearaineadh an tè olc air, is mar a thuigeadh tu bha Brìde fo mhulad is fo bhròn.

Latha dhe na lathaichean a bha seo, shìn Biara clòimh dhorcha dhonn do Bhrìde is dh' iarr i oirre a nighe san t-sruthan gu 'm biodh i geal. Is thug a' bhana-phrionnsa, o mhoch gu dubh, ga dubadh is ga nighe is ga fàsgadh ach dh' fhaillich e oirre an dath dorcha a thoirt aiste.

Nuair a thàinig beul na h-oidhche, throid an tè eile ri Brìde is thuirte i 'Nach ann annad a tha an òinnseach gun fheum is gun dòigh! Tha a' chlòimh a tha siud a cheart cho dorcha is a bha i nuair a thug mi dhut sa mhadainn i.'

'Tha mi,' orsa Brìde, 'air a bhith ga bogadh san allt fad deich uairean an uaireadair is tha mo lamhan gus a bhith sgiollte le gearraidhean is gàgain.

‘Nighidh tu a-rithist màireach i’ orsa Biara ‘Is mur a bi a’ chlàimh geal, nighidh tu a h-uile latha as a dheadhaigh sin i gum bidh. Nist thalla is dean d’ obair!’

Mar a thuigear, se àm duilich doirbh sàrachail a bha seo do Bhrìde agus an truaghag a’ sìor nighe na clòimhe duirche duinne, is i dhen bheachd, ged a chumadh i oirre mar seo, gun tigeadh crìoch air an t-saoghal, nach biodh i geal gu sìorraidh.

Ach a-sin nochd bodach glas agus ghabh e truas ris an nighinn. ‘Cò thu?’ dh’fhaighneachd e, is dè tha gad fhàgail an seo cho tùrsach?’

‘Bride a thug iad orm mar ainm’ orsa ise ‘Ach, mar obair, thug Biara - Bànrigh a’ gheamhraidh orm a’ chlàimh seo a nighe gum bi i geal is mar a chì sib’ fhèin chan...’

‘Na biodh an còrr dragh ort a luaidh’ orsa esan, ‘S mise Athair a’ Gheamhraidh is ma bheir thusa dhomhsa a’ chlàimh a tha sin, chan fhada a bhios i donn, ach geal mar an calman.’

Shìn Bhrìde dha a’ chlàimh dhonn is cha do rinn am bodach ach crathadh a thoirt oirre tri turais is chaidh i cho geal ri geal. Chuir Athair a’ Gheamhraidh a’ chlàimh air ais ann an làimh Bhrìde agus san tè eile chàraich a dhà no thrì a shìtheanan – gealagan-làir (snodrops) beaga ùra.

Rinn Bhrìde sogan (toileachadh) mòr mòr rim faicinn is chuir an uairsin am bodach còir a làmh fhèin air a gualainn is thuirt e rithe ‘faodaidh tu nist falbh, a Bhrìde, is ma bhios Biara a’ toirt dhut, seall na flùraichean brèagha geala agad dhi is inns dhi gur ann as a’ choillidh chritheanaich uaine a thàinig iad, agus nach can thu rithe cuideachd, gu bheil am biolair (water-cress) a-nis a’ fàs mu bhruaichean nan allt agus feur ùr gorm a’ nochdadh sna pàirceannan.’

Thug Bhrìde caisteal Biara oirre cho luath is a bh’ aice is chuir i a’ chlàimh ghlan gheal sìos aig casan Bànrigh a’ Gheamhraidh. Ach cha tug ise feart oirre-sin ach air na gealagan-làir – na sìtheanan beaga bòidheach a bh’ aig Bhrìde na laimh. ‘Cò às a fhuair thu iad-sin’ dh’ iarr i gu cas.

“S ann as a’ choillidh chritheanaich uaine a thàinig na flùraichean seo’ fhreagair Bhrìde, ‘Agus,’ ors ise, ‘tha biolair mu na h-uillt a-nis agus feur a’ cinntinn anns gach achadh.’

‘Mìle mollachd ort’ dh’èibh an droch thè, ‘Thalla as mo shealladh!’ Rinn Bhrìde sin, ach le aoibhneas a chionn’s gun robh fhios aice gun robh an geamhradh air thuar a bhith ullamh is nach robh cumhachd Biara gu bhith aice fada tuilleadh.

Ach ma rinn, chuir Biara fios gu a h-ochd searbhantan grànda iad falbh an iar is an ear, deas is tuath agus gum falbhadh i fhein còmhlà riutha son Alba gu lèir a sgrios le stoirmean gàbhaidh agus reothadh cruaidh gus nach maireadh bile feòir is nach fhàsadh aona fhùr.

Dh'fhalbh na searbhantan grànda air ochd ghobhair phealgach is thog Biara i fhèin oirre agus na làimh dheis bha òrd na droch dhraoidheachd. Agus air an dearbh oidhche sin thòisich doineann a thug air a' mhuir a dhol na bèic iargalta is chaidh muinntir na h-Alba à cochall an cridhe.

Nist se a b'adhbhar gun robh Brìde air a cumail aice na prìosanach, 's e gun robh Aonghas nan Òg air tuiteam ann an gaol oirre. Is cò a bh' ann an Aonghas seo, ach am mac bu bhòidhche is bu ghaolaiche le Biara. Se Aonghas nan Òg an t-ainm a bh' air a chionn's nach biodh an aois uair sam bith a' tighinn na chòir agus bhiodh e beò fad a' gheamhraidh air Eilean Uaine an Iar no 'Eilean nan Òg'.

Chunnaic Aonghas Brìde an toiseach na chadal agus an ath-latha dh' fhaighneachd e de Rìgh an Eilein Uaine mu deidhinn. 'Sin' orsa an Rìgh 'Bana-phrionnsa àlainn ris an canar Brìde is tha do mhàthair ga cumail am falach oir tha fios aice gur e thu fhèin a bu chòir a pòsadh is gun tig crìoch air an riaghladh aicese ri linn ur ceangail bheannaichte.

'Falbhaidh mi an drasda ga sireadh is ga saoradh' orsa Aonghas gu dàna.

'Dean dàil a laochain' orsa Rìgh an Eilean Uaine, 'Tha am Faoilteach air teachd' orsa esan 'Is mòr agus caochlaideach fearg an Fhaoiltich.'

'S coma sin,' orsa Aonghas, 'Oir cuiridh mi geasag air a' chuan is giosag air an tìr is gabhaidh mi trì latha air iasad on Lùnastal.'

Is mar a thuirt, b' fhìor, thug Aonghas nan Òg trì latha on Lùnastal is is dh' fhàs a' mhuir ciùin, is thòisich a' ghrian ri deàrrsadh thar bheann is ghleann.

Leum Aonghas air each geal is a-mach a ghabh e an ear, a dh'ionnsaigh Alba, thar eilean is cuain is gus an d' ràinig e, mu dheireadh thall, null mu ghlasadh an latha. Air a chiad sealladh dhen òigear chalma ghrinn seo thog seann bhàrd a chruit (chlàrsach) na uchd is sheinn e òran-molaidh dha le taic nan eun.

Ach thall no bhos, an ear no an iar, lorg, chan fhaigheadh Aonghas air Brìde. Ach gu fortanach chunnaic ise esan na brudar-cadail fhèin is bha fhios aice gun robh miann aige a sireadh is a saoradh, is nuair a dhùisg i, shil na deòir às a sùilean is dh'fhàs flùraichean eile, deagh thorr aca, sailean-chuach (violets) a bha cho gorm deàlrach ri sùilean Brìde.

Ghabh Biara an caothach nuair a fhuair i a-mach gun robh a mac fhein – am mac a b' ionmhainne leatha, an tòir air Brìde, agus air dha a bhith trì latha air tìr, chuir i stoirm mhòr mhòr na aghaidh a sgiùrs air ais dhan Eilean Uaine e. Ach chum mo liathadh (laochan) air a' feuchainn is e sìor thilleadh a dh' Alba ach an lorgadh e an caisteal san robh gràdh a chridhe fhathast na prìosanach.

Is thàinig, mu dheireadh thall an latha nuair a choinnich Aonghas is Brìde anns a' choillidh a bha goirid dhan chaisteal. Bha na sailean-chuach fo bhlàth is dh'fhosgail na sòbhraichean (primroses) an sùilean gus amharc (comhead) air

a' phrionnsa is a' bhana-phrionnsa mhaiseach. Is nuair a bhruidhinn iad, sheinn na h-eòin gu binn is dheàrrs a' ghrian gu soilleir sunndach. Is rinn an dithis aca toileachadh mor ri cheile agus bhon latha sin a-mach, b'e seo riamh, a' chiad latha dhen earrach: Latha Brìde, Feb 01.

Agus cò nochd an uairsin ach Ban-rìgh nan Sithichean is grunn mhaighdeannan na cois is chrùn iad Brìde mar Bhan Rìgh an t-Samhraidh agus sgeadaich iad i dha rèir sin. Is thuit a' gruag dhualach òr-bhuidhe gu math fada seachad air a' guailnean is i lan fhlùraichean àlainn an earraich – gealagan-lair, sòbhraichean is sailean-chuach is neòineanan. Agus s'ann gorm a' bha a' sùilean agus a' gruaidhean dearg mar an caorann (rowan tree). Chuireadh slatag gheal, air a' suaineadh an arbhar abaich, na làimh dheis, agus na làimh chlì chuir iad adhairc-òir air an tug iad 'Còrn a' Phailteis'

Anns a' choillidh 's e eun car beag a' cheud fhear a' chuir fàilte air Banrìgh Brìde is thuit Banrìgh nan Sithichean rithe – seo ma-tha, an t-eun agadsa, bheir sinn 'Bigean-Brìde' air. Agus air a' chladach 'se a' chiad eun a' cheilear le sonas rithe, fear air an tugadh 'Gille-Brìde' agus se sin na h-ainmean a' th' air na h-eòin sin chun an latha an diugh.

An dèidh sin thug Bànrìgh nan sithichean Aonghas is Brìde gu a' luchairt dhuilleagaich bhrèagha am meadhan na coille is mar a' bha iad a' dol ga h-ionnsaigh thàinig iad air abhainn a' bha uile gu lèir reoidhte is shuath Brìde a' corragan ris an deigh is leagh e sa mhionaid.

Rinneadh fèist mhòr mhòr son banais Brìde is Aonghas is dhanns na sithichean is chruinnich na beathaichean is na h-eòin air fad son fàilte a' chur orra is an t-earrach a' chur gu dol. Agus 's ann mar seo a' thachair a' chiad Fhèill Bhrìde.

Is ged a' ghabh Biara an fhearg is ged a' dh' fheuch i le gaoith, is gaillean is reothadh, ioma uair ri stad a' chur air an dithis uel Aonghas is Brìde, agus air an earrach a' bha na phàirt dhiubh, is ged a' thàinig i faisg, air uairean, air a' chùis a' dhèanamh orra. Bha an gaol eatorra is am fàs is am misneachd is am bòidhchead a' chuartich iad ro làidir dhi is b' fheudar dhi, air deireadh thall, leigeil roimhe is teicheadh agus 's ann san Eilean Sgitheanach a' ghabh i fois mu dheireadh air beinn ris an can iad chun an latha an diugh 'Beinn na Caillich' anns an Ath-Leathann.

Agus dh' fhuirich Bànrìgh a' Gheamhraidh a-sin a' coimhead a-mach air a' mhuir gun do dh' fhàs an latha cho fada ris an oidhche is an uairsin dh'fhalbh i bog balbh air ais a' dh' Eilean Uaine an Iar gus òl, mar bu dual dhi, larna-mhaireach, à Fuaran na h-Oige.

Agus air a' cheart latha san do ghabh Biara an deoch nach do chuir Brìde a' làmh ann an lochan àrd reoidhte air ais ann an Alba agus mar a' leagh deigh an

lochain, 's ann a thuit Biara na trom-chadal air an Eilean Uaine - suain às nach dùisgeadh i, gum biodh an samhradh is am foghar air a dhol bàs buileach.

Martin MacIntyre, An Giblean 2009

Seo tè a fhuair mi ann an leabhar air a bheil 'Tales from Scottish Myths'.

Bradán an Eòlais

Bha Fionn MacCumhail car òg nuair a chaidh a chur far an robh an seann bhàrd is tidsear, Fineagas airson ionnsachadh fhaighinn ann an ioma cuspair agus airson 's gum fàsadh e suas na ghaisgeach. 'S ann na aonar a bha an t-seann fhear air a bhith fuireach fad mòran bhliadhnaichean, ann an taigh beag a thog e fhèin, ri taobh Abhainn Bhoine (Gàidhlig?), is chòrd e ris balach laghach a bhith mun cuairt air.

Bhiodh Fineagas a' sìor choimhead air an uisge, a latha is a dh'oidhche, feuch an laigheadh a shùil air iasg glè àraid: air an robh 'Bradán an Eòlais'. A-rèir choltais, a' chiad neach a bhlaiseadh air an iasg sin, 's esan an duine bu ghlice a bhiodh an Èirinn gu lèir. Gu ruige sin, bha e air failleachdainn orra uile a dh' fheuch, ri a ghlacadh, is bha Fineagas gu mòr an dòchas gun rachadh leis-san far nach deach le càch.

Aon latha bha Fineagas is Fionn nan suidhe air bruaich na h-aibhne is leasan math a' dol aca nuair a thug am bodach an aire do dh' iasg mòr sgoinneil pionc a' snàmh an taobh a bha iad. "S cinnteach gur e seo Bradán an Eòlais' dh' èibh e is thug e a chasan leis gus lìon – fear gu math làidir, fhaighinn son a ghlacadh. Bha fhios aige nach robh math dha coimhead an sùilean an èisg no thuiteadh e na throm- chadal, is bha e faiceallach gun sin a dhèanamh is e a' strì ris a' bhèist mhòr èisg a thoirt às an uisge a-staigh dhan lìon.

Ach, an uairsin, gun rabhadh, thug an t-iasg leum às, suas a-mach às an abhainn, is rinn e air Fineagas bochd. Chlisg an seann fhear is choimhead e ann an sùilean a' bhradain is thuit e na shuain sa mhionaid uarach.

Chunnaic Fionn òg seo is chrath e Fineagas na dhùsgadh, is dh' iarr am fear eile air Fionn a lèine dhorcha a shracadh is a shuaineadh mu shùilean son's nach deargadh e air sùilean an èisg fhaicinn. Rinn Fionn sin, is bha am bodach is am bradan ri cath is conas fad a' chòrr dhen latha gus an do thuig an t-iasg, air deireadh thall, nach b' fhiach dha an còrr spàirn a dhèanamh. Bha Fineagas air Bradán an Eòlais a ghlacadh. 'S e duine bu ghlice a bha gu bhith ann an Èirinn air fad!

Ach mar a thuigeas sibh, 's ann gu math sgèth a bha Fineagas an dèis na chuir e às fhèin fhèin de lùths is fallas, is dh' iarr e air Fionn an t-iasg a bhruidh fhad's a ghabhadh esan norrag. Gheall Fionn nach blaiseadh e idir air.

Chuireadh a' bhrùid èisg air bior os cionn teine mòr mòna is cha b' fhada gus an robh e deiseil son ithe. Dh' èibh Fionn air Fineagas e a thighinn ga fheuchainn ach ma dh'èibh, nach deach boinneag bheag de dh' ola theth a' bhradain a thilgeil suas is laigh i air corraig Fhinn – òrdag a bh'ann. Cha do rinn

Fionn ach a chorrach a stobadh na bheul gu 'm faigheadh e cuidhteas cràdh an losgaidh.

Nuair a ràinig am bodach ri thaobh, chunnaic Fineagas sa bhad gun robh coltas gu math diofraichte air Fionn MacCumhail. Chìtheadh e on deàlradh na shùilean is on bhlàth na ghruaidhean gun robh rudeigin air tachairt dha. 'An do ghabh thusa feòil a' bhradain?' dh' iarr e bhuaithe. B' fheudar do dh' Fhionn an fhìrinn innse. 'Cha do ghabh' orsa esan. 'An do dh'fheuch sgath idir dheth mathà' dh' fhaighneachd e. Is le sin, chuimhnich Fionn gun robh e air òrdag a chur na bheul nuair a chaidh a losgadh le ola an èisg, is dh' inns e sin do dh' Fhineagas.

Thuig Fineagas ann a sin fhèin gur fheudar gun deach an t-eòlas sònraichte, a thig a-mhàin on bhradan a bha aca bruich, a thoirt do dh' Fhionn, is chan ann dha-san. A dh' aindeòin a' bhristeadh-dùil bha Fineagas toilichte dhan òigear, oir bha fhios aige gun rachadh e na dhuine uabhasach fhèin glic agus na shàr ghaisgeach agus gur e Fionn MacCumhail an ceannard a b' fheàrr is a b' ainmeile a bhiodh air 'An Fhèinn' bhon latha sin a-mach is gu sìorraidh.

Martin MacIntyre, An Giblean 2009

Sgeul, a bhios mi ag innse, stèidhte air an tè a sgrìobh Reg Keating son sreath 'Irish Legends' aig Tarantula Books

MacCodram nan Ròn

O chionn fhada an t-saoghail mhòir, bha Rìgh agus a Bhan-rìgh a' còmhnaidh gu math domhainn fo stuaghannan luaisgeanach na mara. Agus, a-rèir a h-uile coltais, bha an dithis aca gu math sona rèidh còmhla nan rìoghachd-chuain. Thugadh deagh thòrr cloinne dhaibh agus 's ann àlainn brèagha àrd agus dìreach a bha prionnsaichean is bana-phrionnsaichean na fairge le sùilean bòidheach donna annda. Agus bhiodh iad ri cluich is cleasachd is cèol a h-uile cothrom a gheibheadh iad.

Ach an sin thuit bròn mòr air Rìgh na mara is air a' chloinn oir dh'fhàs a' bhean ghaolach gu math bochd, gus bho dheireadh thall, dh'eug i. Agus an dèidh greis nuair a chunnaic an Rìgh cho mi-thoilichte is a bha a' chlann is cho robach is a bha iad a' coimhead, thuirt e ris fhein gun fheumadh e tè eile a phosadh a choimheadadh as an dèidh is a chìreadh na pealagan ribeagach as an gruaig àlainn rìomhach.

Thachair, gun robh, a' fuireach ann an car do choillidh fon mhuir, bana-bhuidseach, is dh' iarr an Rìgh oirre a phòsadh son 's gum biodh màthair aig a' chloinn. S i a bha air a doigh aontachadh ris a'sin – is i gu bhith na Ban-rìghinn air rìoghachd fharsainn shaibhbhear fon mhuir. Ach bha i cuideachd dol a bhith na muime dhan chloinn, is cha robh cus aice mu dheidhinn sin no mu dheidhinn na cloinne. 'S ann a bha dearg eudach aice riutha – leis cho àlainn, àrd dìreach sa bha iad seach ise. Is cha b' fhada gus nach fhuilingeadh i an gnothach na b' fhaide, is rinn i brothais air fìon-dhearcan àraid is thug i air a' chloinn part dhith òl is a dhol fo gheasaibh.

Chaidh a' chlann dhìreach àlainn àrd ud sa bhad nan ròn bheaga thiugha chruinne a bhiodh a' snàmh is a' siubhal a' chuain gu sìorraidh buan - ach gun robh, air aon latha dhen bhliadhna, o àm eirigh na grèine gun rachadh i fodha, cead aca tighinn air tìr, na bèin aca a chur dhiubh is a bhith nan cloinn a-rithist a bhiodh ri cluich, cleasachd is cèol. Ach mun àm a thigeadh beul na h-oidhche bha aca ri deanamh deiseil gus tilleadh gu bhith nan ròn son bliadhna eile.

Mar a thuigeadh tu, nuair a fhuair an athair, an Rìgh a-mach mar a thachair dhan chloinn, ghabh e an caothach, is sgiùrs e a' bhana-bhuidseach air ais dhan choillidh is a mhollachd mhòr na cois. Ach a dh' aindeòin a chuid feirge is aithreachais ach robh sìon ann a b' urrainn dha a dhèanamh gus geasag na tè uilc a bhristeadh, agus a' chlann àlainn fhaighinn air ais mar a bha iad reimhid. Agus mar as dual dhan ròn, shnàmh iad air falbh is dh' fhàg iad an athair na sheasamh leis fhein an taobh a-muigh na lùchairt gan iondrainn is gan caoidh.

Niste dhe na h-àiteachan as docha leis na ròn, tha cladaichean nan eileanan ainmeil gu h-àraid mu Chaolas na Hearadh. Latha dhe na lathaichean a bha seo,

bha iasgair air an robh Ruairidh – Ruairidh MacCodram a Eilean Bheàrnaraigh a’ coiseachd a’ chladaich, mar a bhiodh daoine, feuch gu dè chitheadh iad no dè dh’fhàgadh a’ mhuir aca air an tràigh. Is ’s ann a chuala e an t-seinn bu bhinne air an t-saoghal a’ tighinn bho chùl chreagan a bha goirid dha. Shreap e suas air a shocair gum bàrr is choimhead e sìos is chòrd an sealladh air an do laigh a dha shùil gu mòr ris. Thoradh a-sin air a bheulaibh air an tràigh, bha deannan chlann-mara a’ cluich is a’ seinn is iad cho àrd, dìreach is am falt gleansach casurlach a’ tuiteam gu h-eireachdail air an cùlaibh.

Nise se duine laghach a bh’ ann an Ruairidh MacCodrum, ach bha e fhathast gun phòsadh agus na bliadhnachan car a’ teannadh ri fhàgail as an deaghaidh. Shaoil leis, nam faiceadh a’ chlann e gun teicheadh iad sa mhionaid air, air ais a-staigh dhan mhuir, leis a’ sin cha do dh’fhan e fada air na creagan is bha e an impis falbh dhachaigh nuair a thug e an aire do chnap mòr bhian – craiceannan ròn, nan laighe pìos bhuaithe. Thug e sùil mhath orra is chunnaic e gun robh cuid aca donn no ruadh no eadar a bhith donn is ruadh. Is mun deach aig a chogais air bacadh sam bith a chur air, rug e air fear – fear de chòtaichean nan ròn; am fear bu bhòidhche leis, a bha òr-bhuidhe donn. Thug Ruairidh an taigh air cho luath’s a bh’ aige agus shuidhich e am bian gu faiceallach os cionn an àrd-dorais.

An àm dol fodha na grèine, am feasgar sin, bha Ruairidh a-staigh a’ càradh nan lìon ri taobh an teine nuair a chuala e fuaim neònach a-muigh. Chaidh e a-mach agus ann a’ shiud air a stairseach bha, na seasamh, boireannach ard, dreachail, dìreach, agus sùilean blàtha donna innte. Shaoil le Ruairidh nach fhaca e riamh na bheatha tè cho maiseach rithe.

‘An cuididh sibh mi?’ dh’ fhaighneachd i is i a’ rànaich, is i air thuar dhol às a beachd. ‘O Bhochain a Mhin! orsa ise ‘Cha bhuin mise dhan àite seo’ orsa ise ‘S ann as a’ chuan a thàinig mi – bean mhuladach na mara a th’annam, oir tha mi air mo bhian àlainn a chall is le sin chan fhaod mi tilleadh gu far a bheil mo bhràthairean is mo pheathraichean. An cuidich sibhse mi ma-tà?’

Bu mhath a fios aig Ruairidh gur ann leathase a bha an craiceann-ròin a thug e leis na bu traithe dhen latha, agus nach robh aige ach a thoirt a-nuas far an ard-dorais is a thoirt dhi airson an staid uabhasach san robh i a chur ceart. Ach smaoinich e cuideachd air cho aonranach is a bha e, is e leis fhèin fad an t-siubhail, is mar a thogadh e a shunnd is a spiorad, tè alainn laghach a bhith còmhla ris a-staigh.

‘Tha eagal orm’ orsa esan ach chan urrainn dhomsa do chuideachadh a nighean. Chan eil mi ag ràdh nach tàinig cuideigin air do bhian is ghoid e ort e gun fhiosta dhut. Tha teansa gu bheil e a-nis na mìltean mora air falbh. Chan urrainn dhomh sin a leasachadh dhut ach ma dh’fhanas tu ann a’ sheo còmhla

riumsa is nam biodh tu deònach mo phòsadh, bheir mi gaol is spèis dhut fhad's is beò thu.'

Choimhead an nighean-ròin air le a sùilean mòra donna brèagha is thuir i ' Uill mar a faigh mi mo chraiceann, chan eil rathad agam air a dhol air ais dhachaigh, is tha coltas duine onaraich ort. Is le sin thug i gealladh Ruairidh MacCodram a phòsadh is clann a bhith aca nam biodh sin air a cheadachadh dhaibh.

Ged a bha an t-iasgair car brònach dhi-se bha a chridhe fhèin cuideachd làn aoibhneis gun robh leithid a' bhoireannaich deònach a beatha a chur seachad còmhla ris. Mar sin cha deach e an còir a' chraicinn a bha aige air a chur air falbh na fhalachan.

Agus mar a thuir, b' fhìor, se duine gu math gasta onarach a bh' an Ruairidh is thug e gaol is spèis nach bu ghann dha a mhnaoi òig – bean nan ròn. Agus bha grunn chloinne aca fhein le gruaig bhrèagha òr-bhuidhe agus guthan seinn cho ceòlmhor ri smeòraich nan craobh. Agus se boireannach laghach a bh' innte-se cuideachd a bha dileas dha a cèile, is a ghabhadh cùram ceart dhen chloinn, is a chuireadh fàilte air gach coimhearsnach le gean na h-aodann. Ach chan iongnadh ged a bhiodh cianalas air a' chreutair cuideachd, o àm gu àm, is i a' siubhal nan cladaichean air a h-uile cothrom a gheibheadh i. Corra uair chìtheadh i ròn eile a-muigh sa chuan agus bhiodh i cinnteach gur e a bràthairean is a peathraichean a bhiodh annda is bha a cridhe gu sgàineadh a bhith air ais còmhla riutha.

Thainig a-siud latha agus bha Ruairidh air a rathad a-mach a dh'iasgach mar a b' àbhaist, is gu dè a gheàrr tarsainn air a shlighe ach moigheach – fìor dhroch comharra dhan iasgair. Is cha robh fios aige co-dhiù bha còir aige cumail air aghaidh no tilleadh dhachaigh Thug e sùil air an aimsir is coltas oirre nach ann idir ciùin a bha i dol a bhith an ceann tacain. "N dà' orsa esan 'S ioma uair a ghabh na siantan fearg rium, ach dh'fhaillich e orra mo chur fodha thuige seo.' Cha b'fhada a bha e air na sùil a chur rithe nuair a dh' fhairich i neart na gaoithe a' gabhail dha is dha a sgothaidh bhig – greis bheag as a dheaghaidh sin bha i air air dhol na gaillean garbh gun truas no tròcair. Is shèid an aon ghèile mun taigh aige agus a bhean aige a-staigh mun chloinn – a h-uile aon aca ach am fear bu shine nach gabhadh cumail às a' chladach is e cho mòr mu ghnothach-mara ri athair. 'S e Ruairidh a bh' air-san cuideachd. Nuair a thuig a mhàthair cho fiadhaich is a bha an t-side a' fàs, chaidh i a-mach gu ceann an starain is dh'eibh i aird a cinn dha e a thighinn a-staigh. 'A Ruairidh, a Ruairidh thig dhachaigh, dean cabhag a Ruairidh!'

Gu fortanach air an treas glaodh aice, chuala a mac a guth is cha d' rinn e ach ruith thuice mar a b' fheàrr a b' urrainn dha. Is nuair a chunnaic ise a' tighinn e, thill ise a-staigh gun fhios nach robh an còrr dhen chloinn fo

iomagain, a chionn, bha i a-nist a' bùirein na strad-gèile nach fhaca iadsan riamh. Ach dh'fhàg i an doras fosgailte ro Ruairidh is nuair a ràinig e dhachaigh mu dheireadh, saoiladh tu gur ann a chaidh a shiabadh a-staigh le boil na stoirme. Agus ma chaidh, dhùin an doras as a dheidh le brag uabhasach a chuir an taigh is muinntir an taighe air fad air chrith is gu dè a thuit, far an àrd-dorais, gu làr, ach bian bòidheach am màthar – bean nan ròn.

Cha tuirt i riutha ach aon fhacal: 'soraidh', agus grèim aice air a craiceann bòidheach fhein, chaidh i sìos a dh'ionnsaigh a'cladaich. Ann a' shin, chuir i dhith a h-aodach agus chuir i uimpe a bian brèagha òr-bhuidhe donn agus shìn i a-staigh dhan mhuir fo eich gheala nan tonn. Thionndaidh i son a' chlann fhaicinn son an turais mu dheireadh is ge dearbha fhèine chuir an caoineadh is an gal aca àmhghar oirre ach chum i roimpe, a' snàmh, mar bu dùthchasach dhi ri rithim is gàir na mara.

Nuair a thill Ruairidh on iasgach is e na chulaidh-eagail air sàillibh na stoirme, bha doras an taighe fosgailte ach cha robh fàilte no furan no teine roimhe. Sa mhionaid uarach dh' fheuch e a làmh suas mun àrd-doras is nuair nach do d' fhuair e sìon, thuig e gun robh a bhean air a bian a lorg is a chur oirre is air tilleadh dhan t-saoghal às an tàinig i. Thuig e agus chreid e cuideachd nach fhaiceadh e fhèin no a' chlann gu bràth tuilleadh i.

Agus chan fhaca. Ach leis gun do fhiosraich a' chlann gur e ròn a bha nam màthair an latha ud, agus ged a bha iad ga h-ionndrainn is ga caoidh fad bhliadhnaichean as a dheaghaidh sin, cha do dhuimhnich iad na thug i dhaibh de ghaol nuair a bha i còmhla riutha is riamh on uairsin bha iad gu math cùramach mun cuairt air na ròn a bhiodh a' tathaich nan cladaichean faisg orra is cha do rinn iad sgath airson an goirteachadh no cron sam bith a dhèanamh orra. Agus tha e coltach gur ann mar sin a tha Clann ic Codraim chun an latha an diugh – Mac Codram nan Ròn.

Màrtainn Mac an t-Saoir, An Giblean 2009

Sgeul a bhios mi ag innse, stèidhte air an tè a chuir Crisdean Dillon, nach maireann, gu 'Dualchas Mara' aig A' Chòmhdhail Cheilteach. Thogadh Crisdean ann an Uibhist a Deas.

An Dà Bhodach agus na Sìdhichean

Uair bha siud bha dà bhodach a' fuireach ann an gleann – aon aig mullach a' ghlinn agus am fear eile aig bonn a' ghlinn. Bha croit air an dithis aca ach bha a' chroit a bha air a' bhodach aig bonn a' ghlinn gu math na bu mhotha – cha b' urrainn dha idir seasamh suas dìreach! A h-uile Didòmhnaich bhiodh iad a' cur seachad an latha air chèilidh. Aon seachdain choisicheadh am bodach aig bonn a' ghlinn suas gu taigh an fhir eile agus an ath sheachdain choisicheadh am bodach aig mullach a' ghlinn sìos an gleann gu taigh a' bhodaich eile.

Bha mu thrì mìle aca ri choiseachd agus bha pìos dheth sin tro choille dhorcha le craobhan mòra àrda, far nach robh duine beò ri fhaicinn. Bha e air a ràdh gun robh sìdhichean a-staigh ann am meadhan na coille agus bhiodh daoine a' fuireach bhuaithe air eagal 's gun rachadh iad an grèim agus gum biodh iad glaiste anns an t-sìdhean gu sìorraidh.

Am feasgar Didòmhnaich a bha seo gabh am bodach aig bonn a' ghlinn a-mach air a' chuairt mar a b' àbhaist. Nuair a bha e a' coiseachd tron choille chuala e gleadhraich, is èigheachd is gàireachdainn. A-null tro na craobhan chitheadh e cnoc àlainn uaine, le toll an taobh a' chnuic a bha coltach ri doras. Chluinneadh e seinn agus ceòl a' tighinn bhon chnoc ach chan fhaicheadh e duine. Cha robh e a' saoillsinn mòran den òran a bha iad a' gabhail.

“ Diluain Dimàirt, Diluain, Dimàirt, Diluain, Dimàirt ”

Na h-aon fhaclan agus an aon fhonn a-rithist agus a-rithist agus a-rithist. Ciamar idir nach robh iad a' fàs searbh dheth?

Bha fios aige sa mhionaid gur e sìdhean a bh' ann agus chuir e iongnadh mòr air agus smaoinich e gun rachadh e na b' fhaisge gus am faicheadh e am broinn an t-sidhein.

A-null a ghabh e agus bha e dìreach a' dol a ghabhail a-staigh nuair a chuimhnich e nach bu chòir dha a dhol a-staigh dhan t-sìdhean air eagal nach fhaigheadh e a-mach. Chuimhnich e cuideachd gun tuirt a mhàthair ris na òige nan tigeadh e a-staigh a sìdhean gum feumadh e bior a chur aig beul an t-sidhein gus nach dùineadh an doras.

Sa mhionaid a chuir e a cheann a-staigh dhan t-sìdhean stad an t-seinn 's an ceòl 's a' ghàireachdainn agus a' ghleadhraich, agus choimhead a h-uile sùil air. Dh'fhaighnich aon de na sìdhichean dha dè bha e ag iarraidh. Cha robh fios aig a' bhodach dè chanadh e agus thuirt e a' chiad rud a thàinig na cheann.

Dh'fhaighnich e dhaibh carson nach robh faclan no fonn eile san òran aca. Dh'innis an sìdhiche dha nach robh fios aca air a' chòrr dhen òran.

“Uill” ars am bodach, “innisidh mise an ath phìos dhen òran dhuibh ma bheir sibh a' chroit ghrànnda a tha seo far mo dhruim.”

“ Gu dhearbh fhèin, nì sinne sin dhut.”

Smaoinich am bodach mun òran aca. Tha fios gum biodh e furasta pìos eile a chur ris an òran. Thoisich e ri seinn.

“ Diluain, Dimàirt, Diluain, Dimàirt, Diluain, Dimàirt, Diciadain
Diluain, Dimàirt, Diluain, Dimàirt, Diluain, Dimàirt, Diciadain”

Leig na sìdhichean èigh mhòr asta agus thòisich iad air bualadh am basan ris a' cheòl agus an uair sin lean an t- seinn agus an dannsa orra. Bha an t-òran ùr a' còrdadh gu mòr riutha agus 's ann dìreach glan air an dòigh a bha iad. Thug iad taing mhòr dhan bhodach agus nuair a choisich e a-mach as an t-sidhean thòisich a dhruim air fàs aotrom agus thòisich e ri seasamh suas cho dìreach ri saighdear. Cha b' urrainn dha a chreidsinn gun robh a dhruim dìreach agus cha b' e ruith ach leum a-rinn e suas an gleann gus an naidheachd innse dha charaid.

Cha do dh'aithnich am fear sin e an toiseach agus e na sheasamh cho dìreach air taobh a-muigh an taighe. Dh'innis am bodach mar a thachair dha agus smaoinich am bodach eile gun dèanadh e fhèin an aon rud air an ath sheachdain agus gum biodh a dhruim fhèin cuideachd cho dìreach ri saighead.

Air an ath Dhidòmhnaich a-mach a ghabh am bodach aig mullach a' ghlinn agus e a' falbh air chèilidh air a' bhodach eile. Ghabh e tron choille mar a chaidh iarraidh air, a chluas ag èisteachd feuch an cluinneadh e ceòl agus gàireachdainn. An ceann greis chuala e fuaim toilichte aighearach a' tighinn bhon chnoc uaine. Rinn esan mar a rinn am bodach eile agus chuir e bior aig beul a' chnuic mus deach e a-staigh.

A-rithist stad na sìdhichean agus choimhead iad air.

“ Dè tha thusa ag iarraidh?”, arsa fear de na sìdhichean.

“ 'S urrainn dhòmhsa an t-òran agaibh a dhèanamh nas fhèarr. Agus ma nì mi sin an toir sibh a' chroit tha seo far mo dhruim?” dh'fhaighnich am bodach.

Cha robh na sìdhichean buileach cinnteach an turas seo ach thug iad dha cead pìos eile a chur ris an òran aca.

Thòisich e ri seinn.

“ Diluain, Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain
Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain,
Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain
Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain Diardaoin, Dihaoine.”

Cha tuirt na sìdhichean sìon, sheas iad a’ coimhead air a chèile. Thàinig crith air a’ bhodach agus thòisich e a-rithist.

“ Diluain, Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain
Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain,
Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain
Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt, Diluain Dimàirt Diciadain Diardaoin, Dihaoine.”

Chuir seo an cuthach air na sìdhichean agus thòisich iad ri èigheachd, “Mhill thu an t-òran againn, mhill thu an t-òran againn. A-mach à seo leat, till an taobh às an tàinig thu.”

Thionndaidh am bodach agus thug e a chasan leis agus nuair a bha esan air taobh a-muigh an t-sìdhein cha do dh’ fhàs a dhruim na bu dìriche no na b’aotroime. ’S ann a thòisich an dàrna croit air fàs air a dhruim!

Eilean Rònaigh agus Sùlaisgeir

Tha Eilean Rònaigh (Eilean nan Ròn) a-muigh anns a' Chuan Siar còrr agus dà fhichead mìle tuath air Port Nis ann an Eilean Leòdhais.

Tha Sùlaisgeir (Sgeir nan Sùlaire) mu aon mhìle deug siar air Rònaigh.

Bidh daoine à Nis fhathast a' dol dhan dà àite iomallach sin:

as t-sàmhradh a Rònaigh, ri obair chaorach;
as t-fhoghar a Shùlaisgeir, air tòir a' ghuga.

'S e an guga isean an t-sùlaire.

Nuair a bhios am bàta a' tighinn dlùth air, chì thu gur e eilean àlainn uaine a tha ann, le creagan cas agus leacan is sgeirean. Chì thu ròin agus gu leòr eunlaith a' sgiathalaich mun cuairt: faoileagan agus sgairbh agus eòin-chrom, ruideagan agus buthaidean. Tha na buthaidean gu h-àraid èibhinn le an goban buidhe is dearg, cuid dhiubh le sìolagan crochaichte asta. Saoilidh tu gu bheil iad a' bruidhinn ort:

Dè tha cur nan daoine sin an seo an-dràsta?
A' cur dragh oirne le coin is caoraich.

Uaireigin bha còmhstri ann mun eilean: cò bu leis a bha e? Ma bheir thu sùil air a' mhap, chì thu gu bheil An Carbh ann an Dùthaich Mhic Aoidh, mun aon astar bho Rònaigh 's a tha Nis.

'Leinne a tha e!' thuirt na Caoidhich.

'Chan eil gnothach agaibh ris!' thuirt na Nisich.

Mu dheireadh rùnaich iad gun deigheadh dà sgoth – eathar mhòr – an aghaidh a-chèile a dh'fhaicinn cò bu luaithe a ruigeadh an t-eilean. An fheadhainn a lasadh a' chiad teine air, b' ann leotha-san a bha Rònaigh.

Abair thusa gu robh tarraing an siud air ràimh. Ach bha na Caoidhich na bu làidire agus chunnaic na Nisich le tàmailt gum biodh iad ann romhpa. An uair sin, 's iad glè fhaisg air tìr, nach ann a leum fear de na Nisich gu chasan. Bha

fàd mònach aige laiste na làimh agus le uile neart thilg e am fàd chun an eilein. Bha am feur cho tioram 's nach b' fhada gus an robh teine mòr ri fhaicinn – sealladh 's iongantach a bha na bhriseadh-cridhe dha maraichean na Mòr-thir. Co-dhiù, chaidh an latha le na Nisich agus sin agadsa mar a fhuair iad sealbh air Eilean Rònaigh.

Fada, fada roimhe sin ge-tà, bha daoine a' fuireach air Rònaigh agus tha làrach a' bhaile aca ri fhaicinn an ceann-a-deas an eilein. Chì thu cuideachd an cladh, far an deach an tiodhlaigeadh.

Tha e coltach gur e daoine aoigheil agus sìtheil a bh' annta agus bha iad a' toirt an ainmean bho na dathan a bha mun cuairt orra – geal agus gorm, dubh is bàn. Gheibh thu seo fhathast ann am far-ainmean : Màiri Ruadh, Murchadh Buidhe, Ailean Donn.

Thàinig crìoch a bha cianail duilich air muinntir Rònaigh. 'S e còig teaghlaichean a bh' ann mu dheireadh agus air a' bhliadhna bha seo nach tàinig plàigh radain gu tìr. Dh'ith na radain an t-eòrna orra, cha do dh'fhàg iad beum dheth, agus bha sin a' ciallachadh gum bàsaicheadh iad leis an acras mura tigeadh cobhair bho thìr-mòr. B' e Nis tìr-mòr ach mar a thachair bha an aimsir cho stoirmeil, an fhairge cho fiadhaich, 's nach fhaigheadh bàta a-mach thuca.

Nuair a fhuair ann, cha robh duine beò. Bha ri ràdh gu robh aon tè ri fasgadh creige, an leanabh aice teann ri broilleach. Bha an dithis marbh.

B' ann greis mhath an dèidh sin a chaidh teaghlaichean eile a dh'fhuireach a Rònaigh. Bhuineadh iad do Nis agus 's e buachaillean a bh' annta. Seo sgeulachd mu dhithis a chaidh ann ann an 1884:

'S e Calum MacDhòmhnail an t-ainm a bha air an dàrna fear, Murchadh MacAoidh air an fhear eile. Thug iad an geamhradh ann agus, mar a thachair dha muinntir Rònaigh bho chionn fhada, cha d' fhuair bàta a-mach thuca gus an ath earrach.

Chuir e iongnadh air an fheadhainn a bha anns a' bhàta nach tàinig duine dhen dithis gan coinneachadh; cha robh fiù 's ceò ri fhaicinn ag èirigh bhon t-simileir, agus dh' fhairich iad rudeigin an-fhoiseil a' tighinn chun a' bhothain anns an robh iad.

Dè bha romhpa an sin ma-tha?

Bha Calum MacDhòmhnail na laighe marbh faisg air an doras agus a-staigh, sìnte air an làr, corp Mhurchaidh MhicAoidh. Chaidh an tiodhlaigeadh anns a' chladh agus chaidh leac a chur orra ann an sin.

Sgeulachd Rònain agus Brianuilt

Bha mòran ri aithris ann an Nis mu Eilean Rònaigh. Seo aon sgeulachd eile a tha gu math iongantach agus is ann mu dheidhinn An Naoimh Rònain a tha i. E fhèin agus a phiuthar Brianuilt.

Ann am baile Eòrabaidh, am baile is fhaide tuath, bha taigh-adhraidh aig Rònain – 's e sin àite sam biodh e ag ùrnaigh. Chan eil ann an-diugh ach làrach. Co-dhiù cha robh gnothaichean a' dol leis ro mhath: bhiodh na boireannaich gu h-àraid ga shàrachadh, a' fanaid air, a' sadadh chlachan air. Agus bhiodh esan a' guidhe ri Dia an toirt air falbh, e fhèin is Brianuilt, fad air falbh à Eòrabaidh. Agus an creideadh tu? Aon oidhche chuala e guth ag iarraidh air èirigh agus a dhol sìos gu Cladach Chunndail agus gu faigheadh e aiseag air a' mhol a bheireadh air falbh iad.

Abair aiseag – iasg mòr mar mhuc-mhara ris an cainte An Cìonaran-Crò. Airson beachd a thoirt dhuibh air meud a' bheathaich, seo rann:

“Seachd sgadain sàth bradain
Seachd bradain sàth ròin,
Seachd ròin sàth muc-mhara bheag
Seachd muc-mhara bheag sàth muc-mhara mhòr.”

Smaoinich thusa air beathach nach biodh làn gus an itheadh e seachd muc-mhara mhòr.

An Cìonaran-Crò – leum Rònain agus Brianuilt air bòrd agus a-mach leis dhan a' chuan, còrr agus dà fhichead mìle gu tuath a dh'Eilean Rònaigh.

Nuair a ràinig iad, chuir Rònain ruaig air beathaichean neònach a chunnaic iad. Bha iad coltach ri nathraichean le ìnean biorach agus fiaclan mar Dracula. Rinn iad às, agus chì thu na làraich a dh'fhàg iad air creig, Leac na Sgròb ann an ceann-a-deas an eilein. Bha e rudeigin mar a theich na nathraichean a bh' ann an Èirinn ron Naomh Pàdraig. Thug iad an cuan orra.

Agus rinn Rònain a dhachaigh air an eilean. Chì thu an eaglais a bha aige agus chì thu cill Rònain – àite cumhang air a thogail suas leis a' chloich, agus toll air am faigh thu a-steach. Dh'fheuch balach òg le fear dha na buachaillean ri dhol a-steach dhan chill agus seo a thuirte e:

‘Chuir mise mo cheann a-steach a tholl ann an siud agus fhuair mi splais a’ choin mun lethcheann’.

Tha na h-eòin-chrom a’ còmhnaidh sa chill sin an-diugh. Bidh iad gan dìon fhèin le bhith tilgeadh ort smugaidean tiugh mar sheòrsa de dh’ola bho bheil fàileadh làidir na mara. A’ splais a fhuair lain mun lethcheann!

Uill co-dhiù – airson crìoch a chur air an sgeulachd – nach do dh’fhàs Brianuilt seachd sgìth dhe a bràthair, Rònán. Agus dh’fhàg i an t-eilean ’s chaidh i a dh’fhuireach a Shùlaisgeir. Bhàsaich i ann. Agus nuair a fhuair iad i, brònag, bha an sgarbh air a nead a dheanamh na broilleach.

Nuair a bhàsaich Rònán chaidh a thiodhlaigeadh faisg air a’ chill agus tha a’ chlach a bha comharrachadh na h-uaighe aige an-diugh aig Comann Eachdraidh Nis.

Eilean Shùlaisgeir

Nach teid sinn a-nis cuairt a Shùlaisgeir, aon mhìle deug an iar à Rònaigh. 'S e creag a tha seo, ag èirigh gu mu dhà cheud troigh a-mach às an fhairge. Tha i geal aig an airde sin le guana – salachair an t-sùlaire. 'S e eun-mara a th' anns an t-sùlaire, mòr agus geal ach gu bheil mullach a chinn buidhe agus bàrr a sgiathan dubh. A-muigh aig muir chì thu iad ag iasgach: dìridh fear suas àrd 's an uair sin sìos gun tig e mar am peilear le sgiathan paisgte agus gob làidir a' briseadh tro uachdar na mara. Air tìr, feumaidh e creag àrd no stac far am faigh e a shròin dhan a' ghaoith mus sgèith e air falbh gu muir a-rithist. Cha dèan e a bhiadh ri àite ìosal – a' tuiteam 's a' cur nan caran a' feuchainn ri faighinn às.

'S e guga a chanas tu ri isean an t-sùlaire. Chan urrainn dhaibh-san sgèith idir agus mar sin, san fhoghar, tha cothrom aig na h-eunadairean orra.

A rèir na h-aimsir bidh na h-eunadairean a' toirt dà sheachdain air Sùlaisgeir. Bidh iad a' toirt leotha uisge agus biadh a chumas ann an sunnd iad rè na h-ùine sin. Agus bidh “manna nan Niseach” aca ga ith cuideachd : guga, air a spionadh 's a dhadhadh, a sgoltadh 's a shailleadh agus a bhruch airson uair-a-thìde. Le buntàta tioram Kerr's Pink cha do dh'fheuch thu a-riamh biadh cho blasta. Dh'itheadh tu do chorragan às a dhèidh.

Tha bothain air Sùlaisgeir anns an bi iad a' fuireach agus – feuch riut! Tha làrach teampaill ann cuideachd.

Bidh bàt'-iasgaich gan toirt ann agus às; tha rèidio aca airson sàbhailteachd agus innse mar a tha a' dol leotha agus air an dòigh sin chan eil an turas cho cunnartach 's a bha e uaireigin.

Uaireigin bhiodh iad ann an eathraichean fosgailt agus cha b' ann a-mhàin a' dol gu ruige Sùlaisgeir ach dheigheadh iad cuideachd tarsainn a' Chuain Sgìth gu stacan. Fiù 's nach deach iad uair gu Hiort: thug iad aon sùil air na stacan a tha sin agus thill iad anns an spot.

Ach fhathast gach bliadhna ni iad an t-slighe gu Rònaigh agus Sùlaisgeir. Tha an ceangal sin làidir, daingeann.

‘Nuair a bhios an geamhradh ann’, thuirtear fear, ‘agus a’ ghaith a’ sèideadh ’s an t-uisge a’ frasadh air an uinneig, bidh mise a’ smaoinichadh orra a-muigh ann a-siud, anns a’ ghairbhsich, leatha fhèin’.

An t-Amadan 's an t-Uachdaran

Bha sagart a bh' ann a seo, bha air fearann uachdarain a bh' ann, agus cha robh mòran aig an uachdaran mu dheidhinn an t-sagairt no a dhìth air ach feuch am faigheadh e leisgeul gus a chuir gu bàs. Agus thachair an sagart air an latha bha a seo, agus thuir an t-uachdaran ris gu feumadh e tighinn far an robh esan ann an taobh a-staigh trì latha, agus gu robh e a' dol a chur cheistean air a dh' fheumadh e fhuasgladh dha, no gum biodh am bàs aige.

Chaidh an sagart dhachaigh, agus cha robh e ach mì-shunndach, agus cò bha fuireach còmhla ris an t-sagart ach bràthair dha, agus cha robh ann ach amadan, ach

bha e fuasach coltach ris an t-sagart na chruthachd. Cha robh ach bhiodh e toirt an car à gu leòr, a' smaointinn gur e an sagart a bhiodh ann gus am bruidhneadh e. Thug an t-amadan fhèin an aire nach robh an sagart cho toilichte 's a b' àbhaist dha agus dh' fhaighneachd e dhe:

"Cha chreid mi fhìn nach eil rudeigin a' cur dragh oirbh, an-diugh," ars esan.

"An dà, tha," ars an sagart. "Tha gu leòr a' cur dragh orm cuideachd," ars esan.

"Dè th' ann?" ars esan.

"Ò, cha mhòr as fheàrrde mi sin innse dhutsa," ars esan.

"An dèan e diofar dhiubh?" ars esan.

"O, cha dèan sian," ars an sagart. "Tha agam ri dhol a-màireach far a bheil an t-uachdaran 's tha e dol a chur cheistean orm a dh' fheumas mi fhuasgladh dha, no gum bi am bàs agam, agus 's fhad on bha sin na bheachd."

"Hud", ars an t-amadan, "na cuireadh sin sian oirbh. Thèid mise ann nur n-àite."

"À, ge bith gu dè rud a nì mi fhìn, cha dèan thusa dad idir," ars esan.

"An dà, 's mise thèid ann," ars esan, "agus chan eil duine air an t-saoghal is coltaiche ribhse na mise. Chan aithnich e gu bràth nach sibh a bhios ann. 'S nach

bu shuarach an call ged a chuireadh e mise gu bàs, seach a dhol gar cur-se gu bàs."

'S e seo a rinn an sagart làrna-mhàireach. Thug e aodach dhan amadan, 's dh' falbh an t-amadan 's cha robh duine chitheadh e nach toireadh a mhionnan gur e an sagart a bh' ann, 's thug e leis bata.

Ràinig e taigh an uachdarain. Ghnog e an doras. Chaidh an t-uachdaran chun an dorais.

"Tha thu air tighinn," ars an t-uachdaran.

"Tha", ars an t-amadan.

“Thig a-staigh,” ars esan.

Chaidh an t-amadan a-staigh, 's dh'iarr e air suidhe. Bha an t-amadan a' coimhead mun cuairt.

“A bheil thu deiseil a-nise airson nan ceistean a tha mi a' dol a chur ort fhuasgladh dhomh?” ars an t-uachdaran.

“Tha mi a' smaointinn gu bheil,” ars an t-amadan. “De na ceistean a th' ann?”

“Uill, feumaidh tu innse dhomh, sa chiad àite”, ars esan, “bhon tha thu na do dhuine fiosrach, càit a bheil meadhan an t-saoghail - an dearbh bhad 's a bheil e?”

Dh'fhalbh an t-amadan 's theann e a-nùll an sèithear 's bhual e a bhata air meadhan an ruma.

“Siud e ma-thà,” ars esan. “Siud meadhan an t-saoghail.”

“Dè mar a nì thu mach dhòmhsa,” ars an t-uachdaran, “gur ann an siud a tha meadhan an t-saoghail?”

“Uill, dèan thusa a-mach ormsa nach ann,” ars esan; “tomhais thusa bhuidhe siud 's mur eil meadhan an t-saoghail an siud, fuilingidh mise am bàs.”

“Aidh,” ars an t-uachdaran, “tha mi a' faicinn gu bheil thu gad shaoilsinn fhèin nad dhuine 'clever'. Innis dhomh, ma-thà,” ars esan, “gu dè 's fhiach mi.”

Sheall an t-amadan.

“Tha mi smaointinn,” ars esan, “gur fhiach sibh ochd buinn air fhichead,” ars esan.

“Ò, tha thu ceàrr,” ars an t-uachdaran.

“Chan eil,” ars an t-amadan. “Chaidh ar Slànaighear a reic airson deich buinn air fhichead airgid,” ars esan, “agus b' fhiach e dà bhonn a bharrachd ortsa.”

“Ó, chan eil do chreideamh no do theagasg a dhìth orm idir!” ars an t-uachdaran. “Ach chan eil mi ullamh dhìot fhathast, a fhleasgaich,” ars esan.

“Innis dhomh, ma-thà, cò air a tha mi a' smaointinn?”

“An-dà, tha sin furasta gu leòr,” ars an t-amadan. “Tha thu a' smaointinn gur e an sagart tha a' bruidhinn riut. Ach chan e, ach an t-amadan a bhràthair.”

“An-dà, Dhia,” ars esan. “S ann tha 'n t-amadan annam fhìn agus chan e thus'. Ach thalla thusa dhachaigh agus cha chuir mise an còrr dragh ort fhèin no air an

t-sagart.”

Dh'fhalbh an t-amadan dhachaigh, chan eil fhios a'm ged a bhiodh an sagart fhèin air a dhol ann, an dèanadh e sian na b' fheàrr na rinn an t-amadan.

Aithris Bheòil bho Eilean Hiort

Bhon a dh'fhàg na Hiortaich an t-eilean dà ghinealach air ais 's e glè bheag dhen dìleab sgeulachd is naidheachdan ionadail a tha ri fhaighinn an-diugh. 'S e 's coireach air, cho fad 's fhiosrach sinn, nach deach duine a-mach le inneal chlàraidh mun do sgaoil an sluagh, agus am beagan a tha ann an sgrìobhadh, 's ann air eachdraidh a tha e a' tarraing. Tha na tha an tasgadh bho na Hiortaich a thuinich air tìr-mòr na h-Alba no anns na tìrean cèine gu tric a' toirt chunntasan air beòshlaint 's air an dòigh-beatha shònraichte a bh' ann: a' dol dha na creagan (ag eunachd), an t-iasgach, na cleachdaidhean sòisealta, is ainmean-àite feadh an eilein.

Tha cruas na h-àrainneachd còmhla ris an eachdraidh sgrìobhte a' leigeil fhaicinn dhuinn gu bheil gach adhbhar ann a chreidsinn - eadar sgrìos nan galaran gabhaltach 's feachdan an rìgh a' breith air daoine òga 's gan toirt leotha - gu robh gach seòrsa sgeulachd is naidheachd aig an t-sluagh. Chan eil fianais an-diugh air gin dhe na sgeulachdan mòra eadar-nàiseanta a bhith gan innse, ach tha aon eachdraidh ionadail ann a chlàradh san linn-sa chaidh bho na Hiortaich air gach taobh dhen Chuan Siar:

Fearchar Mòr and Dùgan

Chan eil dòigh air faighinn a-mach an-diugh gu dè an linn 's na nochd an dithis seo, Fearchar Mòr agus Dùgan, anns an eilean, ach a rèir aithris 's ann à Leòdhas 's Na Hearadh a thàinig iad. 'S e daoine mòra foghainteach a bh' annta, agus às dèidh dhaibh taic is aoigheachd fhaighinn fad greis bho mhuinntir an eilein, chaidh iad suas a' bheinn gus cuairt-sealladh fhaighinn. Air dhaibh tèarnadh a-nuas a-rithist, thug iad air daoine a chreidsinn gum faca iad luingeas cogaidh a' tighinn gan creachadh – rud a bha coltach gu leòr leis a h-uile droch-bheairt a rinneadh san linn ud – agus gum b' fheudar dhaibh uile fasnachadh a ghabhail sa bhad san teampall far am biodh iad sàbhailte. Bha doras caol air an teampall 's nuair bha a h-uile duine na broinn cha d' rinn Fearchar Mòr is Dùgan ach an doras a dhùnadh bhon taobh a- muigh agus teine a chur ris an tughadh. Chaidh na Hiortaich uile a losgadh gu bàs, ach a-mhàin aon nighean a bha mu chòig bliadhna deug a dh'aois, a fhuair às air dhòigh 's nach fhaca an dithis eile i tron toit a bha timcheall. Chaidh an nighean am falach ann an uaimh sa chreig taobh eile an eilein, a' tighinn beò air uighean 's eòin 's air biadh a gheibhadh i bho àm gu àm sa bhaile. Dh'fhaodadh i am biadh a bhrùich san oidhche, ach dh'fheumadh i an teine a chur às san latha. Latha a bh' ann,

bha an dithis mhurtairean a' gabhail ceum air taobh an iar an eilein 's thuir an dàrna fear ris an fhear eile, 'Tha mi faighinn fàileadh an teine '. 'O, chan eil ann', ars am fear eile, 'ach an teine a dh'fhàg sinn às ar dèidh'. Agus mar sin cha robh for aca gu robh an nighean ann.

Bhiodh am bàta aig uachdaran an eilein a' tadhal bho thìr-mòr dà thuras sa bhliadhna. Bha deagh fhios aig an nighinn agus aig Fearchar Mòr is Dùgan air sin, 's bha na murtairean a' feitheamh air a' chidhe agus an nighean am falach faisg air làimh nuair thàinig i a-staigh. Thòisich na murtairean air an naidheachd bhrèige innse dhan sgioba, agus dh'èirich an nighean 's dh'èigh i, 'Thàinig mo Dhia!' trì tursan. Chaidh Fearchar Mòr is Dùgan a chur an grèim; chaidh cùirt a chumail sa bhad 's thugadh a-mach binn mhuirt orra. Agus b' e am peanas a rinn iad orra, an cur a-null gu Stac an Àrmainn, eilean creagach, gun ghrèim a dh'itheadh iad ach eòin fhiadhaich is uighean. Air an t-slighe sa bhàta dh'fhaighnich Fearchar do Dhùgan ann an guth ìseal co-dhiù chuimhnich e air spor is stàilinn a thoirt leis gus teine a thogail – an dearbh rud a rinn iad ann a bhith cur às dhan t-sluagh. Air dhaibh sin a chluinntinn, bha an sgioba a' dol gam bualadh; thòisich Fearchar Mòr air iarraidh mathanas orra, ach mu dheireadh leum e a-mach às a' bhàta 's chaidh a bhàthadh. Chuir iad Dùgan air Eilean Shòdhaigh, far an do rinn e fasgadh dha fhèin le balla cloiche fo chreig mhòir. Chaochail e às dèidh beagan bhliadhnaichean 's tha am fasgadh 'Botha an Dùgain' ri fhaicinn an sin fhathast 's na cnàmhan na bhroinn.